

6 Samhain 2006

A Chàirdean,

Mealaibh ur naidheachd a thaobh Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Tha fhios againn gu robh saothair mhòr na chois, agus tha sinn a' guidhe gun soirbhich leis.

Tapadh leibh airson cothrom a thoirt dhuinn ar beachdan a chur thugaibh. Tha a' mhòr-chuid dhe na puingeann a tha sinn a' togail co-cheangailte ri Comhairle nan Leabhraichean fhèin, is bhiomaid an dòchas gum biodh àite na b' fhollaisiche aig a' Chomhairle sa Phlana na th' aice an-dràsta. Tha puingeann mionaideach a' leantainn, is an taobh-duilleig air a chomharrachadh.

- 17 Tha sinn a' smaoinichadh gum faodadh sinn fhìn a bhith air ar n-ainmeachadh am measg nam Prìomh Bhuidhnean, is gu h-àraidh on a bha cuireadh againn chun na coinneimh a chumadh an Glaschu o chionn ghoirid.
- 32 Ma tha Acair gu bhith air ainmeachadh an seo, bu chòir gum biodh CLÀR, FASA is eile cuideachd. (San dol-seachad, chan eil 'Gàidhlig' san ainm againne a-nis idir.)
- 33 Bu mhath leinn a bhith air ar n-ainmeachadh am measg nam Prìomh Bhuidhnean an seo cuideachd.
- 34 Mholamaid gum biodh Leabharlann Nàiseanta na h-Alba air a h-ainmeachadh an seo, oir tha coltas gu bheil i airson a ceangal ris a' Ghàidhlig a mheudachadh.
- 35 Bhiodh e math Comann Ball-Coise na h-Alba (SFA) a chur an seo.
- 37 Fo 'Na Meadhanan-clò', às dèidh 'craolaidh', mholamaid 'agus an co-bhuinn leotha', agus anns a' Bheurla, às dèidh 'alongside', mholamaid 'and combining with', seach gu bheil leithid mheanbh-chlàr is DVDan ann a-nis is litreachas orra, agus cothroman ann tuilleadh a dhèanamh le buidhnean mar a tha SMG, na Neo-Eiseamaillich, RNIB is eile.
- 38 Ged a tha a' chuid mhòr dhe ar gnothach-ne ri leabhraichean, tha sinn a' reic irisean is phàipearan-naidheachd, is faodaidh gum bi ceangal nas treasa ann fhathast, agus tha sinn a' meas gum bu chòir ar n-ainmeachadh aig bonn na duilleig.
- 41 Agus cuideachd mar Phrìomh Bhuidheann an seo, agus air 22, 23 agus 29.

Anns an fharsaingeachd, lùigeamaid gu robh barrachd sa Phlana mu leabhraichean is mu litreachas, mu luchd-sgrìobhaidh is mu luchd-leughaidh, is iad sin cho cudromach ma tha spionnadh gu bhith ann an cànan. An-dràsta, saoilidh sinn gun dèan na leasachaidhean beaga mionaideach seo a tha sinn a' moladh na h-uimhir a dh'fheum ann a bhith a' dèanamh an raoin sin dhen chànan nas nochdte sa Phlana.

Le deagh dhùrachd.

Iain MacDhòmhnail